

Na

Deuchainnean

Agad

Am fiosrachadh a dh'fheumas a bhith agad mu
dheidhinn deuchainnean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre
agus Àrd-Ìre Adhartach

Eagran do sgoiltean

Teisteanasan Alba

Ghabh sinne, Teisteanasan Alba, thairis bho Ùghdarras Theisteanas na h-Alba air 1 Gearran 2026. Chan eil seo ag atharrachadh mar a tha thu a' coileanadh do theisteanasan. Innsidh an tidsear agad dè dh'fheumas tu dèanamh agus cuin.

Bidh thu fhathast a' faicinn fiosrachadh le brandadh SQA air an làraich-lìn againn. Bidh seo ag atharrachadh gu Teisteanasan Alba agus sinn ag ath-ùrachadh na làraich-lìn.

Tha am fiosrachadh san sgrìobhainn seo a' buntainn do dheuchainnean 2026 a-mhàin.

Clàr-innse

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad	4
Nithean cudromach air am feum fios a bhith agad mu dheuchainnean ann an 2026	5
Taic rè nan deuchainnean	6
Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad	7
Clàr-ama	8
Aplacaidean Teisteanasan Alba	9
Seann phàipearan-deuchainn	9
Àireamh an Oileanaich	10
Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh agad ceart	11
Air latha na deuchainne	12
A' tighinn airson na deuchainn agad	13
Deasgaichean	13
Nithean toirmisgte	14
Freiceadanan	15
Pàipearan-cheistean agus leabhranan-fhreagairtean	16
A' sgrìobhadh nam freagairtean agad	17
A' fàgail seòmar nan deuchainnean	18
Cothromachd	19
Comhairle	20
Ma thachras rudeigin ris nach robh dùil	22
Dè mura tèid agam air an deuchainn a ghabhail no ma tha buaireadh mòr ann?	23
Suidheachaidhean sònraichte	24
Na toraidhean agad	26
A' faighinn nan toraidhean agad	27
Seirbheis Ath-thagraidhean	27
Taic	27
Am fiosrachadh agad	28
Cuimhnich	29

Ag ullachadh airson nan deuchainnean agad



Tha deuchainnean a' sealltainn dhut dè dh'ionnsaich thu sna cùrsaichean agad.

Tuigear gum faod thu a bhith beagan iomagaineach a thaobh nan deuchainnean agad – mar a bhios cha mhòr a h-uile duine. Tha e feumail ma tha thu air ullachadh. Tha an leabhran seo 'Na Deuchainnean Agad' ag amas a bhith gad chuideachadh a bhith a' dèanamh do dhìchill. Tha e a' mìneachadh mar a dh'ullaicheas tu airson deuchainnean, agus mu na riaghailtean a th' ann gus dèanamh cinnteach gu bheil deuchainnean cothromach airson a h-uile duine. Tha e cudromach gun leugh thu agus gun tuig thu na riaghailtean seo mus tòisich na deuchainnean agad. Ma dh'fhaodte gum bi e feumail dhut am fiosrachadh seo a cho-phàirteachadh leis do phàrant no neach-cùraim.

Ma tha thu mì-chinnteach mu na riaghailtean, bruidhinn ris an tidsear agad. Innsidh iadsan dhut mu na dh'fhaodar tachairt ma bhriseas tu na riaghailtean.

Tadhail air an làraich-lìn againn aig **qualifications.gov.scot** airson barrachd fiosrachaidh.

Ma tha feum agad air an leabhran seo 'Na Deuchainnean Agad' ann an cruth eadar-dhealaichte, mar ann an litrichean mòra, Braille no cànan eadar-dhealaichte, feuch gun cuir thu fios gu **customer@qualifications.gov.scot** no cuir fòn gu **0345 279 1000**.

Nithean cudromach air am feum fios a bhith agad mu dheuchainnean ann an 2026.

- Bidh deuchainnean a' tòiseachadh air **Diciadain 22 Giblean** agus a' crìochnachadh air **Dimàirt 2 Ògmhios**.
- Ma tha suidheachaidhean sònraichte ann a tha a' toirt droch bhuaidh air do choileanadh air latha deuchainne, is dòcha gum faod thu **Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean** a chleachdadh. Faic taobh-duilleig 24 airson barrachd fiosrachaidh.
- Cuiridh an sgoil agad ìre thuairmsichte a-steach airson gach cùrsa agad mus tòisich na deuchainnean. Faodaidh tu bruidhinn ris na tidsearan agad mun adhartas agus ìrean tuairmsichte agad mus cuir iad thugainn iad. Bidh seo gad chuideachadh a thuigsinn mar a tha an ìre thuairmsichte agad a' buntainn ri do choileanadh anns na measaidhean a rinn thu am-bliadhna.
- Gheibh thu toraidhean do dheuchainnean tron phost air **Dimàirt 4 Lùnastal**. Faodaidh tu clàradh airson **My Qualifications Scotland** gus am faigh thu na toraidhean cuideachd tro theacsa no post-d (no an dà chuid) bho 8m air latha nan toraidhean.
- Tha seirbheis ath-thagraidh ann as urrainn dhut cleachdadh gu dìreach no tron sgoil agad. Ma tha thu a' cleachdadh na seirbheis seo, bidh aon de na h-àrd-luchd-ceartachaidh againn a' dèanamh lèirmheas air mar a chaidh am measadh agad a chomharrachadh le Teisteanasan Alba. Bidh tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn ro **Ògmhios 2026**.


Taic rè nan deuchainnean

Tha ullachaidhean measaidh a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh air a bheil ciorram no a tha feumach air taic a bharrachd diofar dhòighean a chleachdadh airson deuchainn a choileanadh. Ma tha ullachadh measaidh agad airson deuchainn, mar as trice bidh e coltach ris an taic a bharrachd a gheibh thu anns a' chlas.

Tha ullachaidhean measaidh ag atharrachadh a rèir cuspair, ìre agus neach-ionnsachaidh. Tha iad a' gabhail a-steach pàipearan-cheistean freagarraichte agus atharrachaidhean air ùine na deuchainne agus far am bithear ga gabhail.

Ma dh'fheumas tu taic a bharrachd, bruidhinn ris an sgoil agad gus am faodar ullachaidhean a chur air dòigh a bheir cothrom co-ionann dhut a bhith a' sealltainn an eòlais a tha agad agus nas urrainn dhut a dhèanamh.

Gus barrachd fhaighinn a-mach mu ullachaidhean measaidh, rach gu **qualifications.gov.scot** no bruidhinn ris an tidsear agad.



Ag ullachadh

airson nan


deuchainnean

agad

Clàr-ama

Tha sinn air grunn atharrachaidhean a dhèanamh do chlàr-ama nan deuchainnean, a tha a’ sealltainn cinn-latha agus amannan nan deuchainnean, bhon a chaidh fhoillseachadh an toiseach san t-Sultain 2025. Is urrainn dhut an tionndadh as ùire fhaicinn air an làraich-lìn againn aig **qualifications.gov.scot**.

- Feuch gun cleachd thu an tionndadh as ùire den chlàr-ama an-còmhnaidh air eagal ‘s gu bheil cinn-latha no amannan nan deuchainnean agad air atharrachadh
- Dèan cinnteach mu amannan nan deuchainnean leis na tidsearan agad, oir faodaidh sgoiltean na h-amannan tòiseachaidh atharrachadh beagan.
- Dèan cinnteach gu bheil fios agad air dè na deuchainnean a tha thu a’ dèanamh, cuin a tha iad, agus càit a bheil iad.
- Faighnich don sgoil agad cò an tidsear a bhios os cionn deuchainnean Teisteanasan Alba air an latha. Feumaidh fios a bhith agad cò a th’ ann gus an urrainn dhut innse dhaibh ma ruigeas tu fadalach.



Aplacaidean Teisteanasan Alba

Tha aplacaidean an-asgaidh againn a bheir taic dhut aig àm nan deuchainnean. Faodaidh tu na h-aplacaidean a luchdadh a-nuas bho **qualifications.gov.scot**.

Tha an aplacaid MyExams a' leigeil leat clàr-ama pearsanta a chruthachadh, clàr-ama nan deuchainnean agad fhaicinn, nòtaichean a chur ris, agus an clàr-ama pearsanta agad a chur ri mìosachain eile.

Tha an aplacaid MyStudyPlan gad chuideachadh gus an t-ullachadh agad airson nan deuchainnean a chur air dòigh le bhith a' cruthachadh plana obrach pearsanta, agus tha e a' leigeil leat am plana agad ath-ùrachadh an dèidh atharrachaidhean clàr-ama.

Faodaidh tu cuideachd clàr-ama pearsanta a chruthachadh le bhith a' cleachdadh an inneil **personal timetable builder**, agus comhairle air ullachadh agus ath-sgrùdadh a lorg air **qualifications.gov.scot**.

Seann phàipearan-deuchainn

Faodaidh cleachdadh le seann phàipearan-deuchainn do chuideachadh gus ullachadh airson deuchainnean.

Faodaidh tu seann phàipearan-deuchainn a luchdadh a-nuas, agus stiùireadh air mar a bhathar gan comharrachadh, bho **qualifications.gov.scot**.



Cairt SCN  **Teisteanasan Alba**
Qualifications Scotland

Ainm na sgoile:

D' ainm:

Latha-breith:

Àireamh an Oileanaich:

Àireamh an Oileanaich

'S e Àireamh an Oileanaich (SCN) an àireamh aithneachaidh phearsanta agad Bidh sinn a' cleachdadh an SCN agad gus an coileanadh uile agad a chlàradh.

Innsidh an sgoil agad dè an SCN a th' agad. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an SCN agad, oir feumaidh tu a sgrìobhadh gu soilleir air leabhranan nam freagairtean agad.

Bheir an tidsear agad cairt SCN dhut air am faod thu d' ainm, ainm do sgoile, do latha-breith agus an SCN agad a sgrìobhadh. Faodaidh tu a' chairt seo a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean fhad 's nach sgrìobh thu dad sam bith eile oirre.

Ma sgrìobhas tu rud sam bith eile air a' chairt, dh'fhaodte nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne. Dh'fhaodadh seo ciallachadh nach fhaigh thu toraidhean sam bith.

Ma chailleas tu a' chairt SCN agad, iarr air an tidsear agad airson cairt eile.

Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh agad ceart

'S e aon de na h-adhbharan as cumanta nach fhaigh neach-ionnsachaidh teisteanas nan toraidhean aca, nach deach innse dhuinn mu atharrachadh seòlaidh. Dèan cinnteach gu bheil am fiosrachadh conaltraidh ceart agad aig an sgoil, a' gabhail a-steach d' ainm agus do sheòladh.

Cuimhnich gum faod thu cuideachd na toraidhean agad fhaighinn le teacsa agus post-d le bhith a' clàradh airson **My Qualifications Scotland** aig **qualifications.gov.scot**.

Ma tha am fiosrachadh pearsanta agad a' dol a dh'atharrachadh rè an t-samhraidh, innis don sgoil agad mus tòisich thu air saor-làithean an t-samhraidh.



Air latha

na


deuchainne

A' tighinn airson na deuchainn agad

Bi taobh a-muigh seòmar nan deuchainnean co-dhiù 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn agad. Ma tha thu fadalach, aithris don tidsear a tha air ceann na deuchainne. Innsidh iadsan dhut an urrainn dhut an deuchainn a dhèanamh.

Deasgaichean

Anns a' mhòr-chuid de sgoiltean, gheibh thu deasg no àireamh suidheachain airson gach deuchainn. Dèan cinnteach gu bheil fios agad air an àireimh seo ro gach deuchainn.



Nithean toirmisgte

'S e nithean toirmisgte rudan nach fhaod a bhith agad aig an t-suidheachan no deasg agad, mur eil iad air aontachadh leinn mar phàirt de dh'ullachadh measaidh airson na deuchainne a tha thu a' suidhe. Tha nithean toirmisgte a' gabhail a-steach na leanas.



- Fònaichean-làimhe (fiù 's ma tha iad dheth).
- Innealan dealanach, leithid tablaidean, earbuds, uaireadairean-tapaidh no inneal sam bith eile a bhios a' stòradh fiosrachadh no a ghabhas ceangal ris an eadar-lìon. Tha seo a' gabhail a-steach innealan le bathar-bog AI, leithid speuclairean-tapaidh.



- Fiosrachadh a bharrachd leithid:
 - leabhraichean, sgeidsichean, pàipear
 - rud sam bith sgrìobhte air d' aodach no air do bhodhaig, agus
 - notaichean no fiosrachadh neo-ùghdarraichte sgrìobhte air a' chairt SCN agad.



- Cèisean peansail, a' gabhail a-steach cèisean peansail soilleir.

- Àireamhairean, ach a-mhàin far a bheil iad ceadachta airson na deuchainne. (Ma tha àireamhairean ceadachta, chan fhaod cès no còmhach no liod a bhith aca.)



- Faclair, ach a-mhàin far a bheil iad ceadachta airson na deuchainne.

Sgrùd na bagaichean is pòcaidean agad gu faiceallach mus tèid thu don t-suidheachan agad, agus fàg nithean toirmisgte san àite a tha an sgoil air ainmeachadh airson stòradh. Ma bheir thu nì toirmisgte don t-suidheachan no deasg agad, dh'fhaodadh sin cothrom a thoirt dhut a bhith a' mealladh, agus dh'fhaodte nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne agus nach faigh thu toradh, no gum faigh thu ìre nas ìsle.

Nuair a tha àireamhairean no faclairean ceadaichte, feumaidh iad a bhith a rèir ar riaghailtean is riaghlaidhean. Tadhair air **[qualifications.gov.scot](https://www.qualifications.gov.scot)** airson fiosrachadh air cuin a tha àireamhairean no faclairean ceadaichte. Bidh an tidsear agad comasach air barrachd fiosrachaidh a thoirt dhut cuideachd.

Chan fhaod thu uidheamachd sam bith a cho-roinn rè deuchainn.

Freiceadanan



'S e 'freiceadanan' a chanar ris na daoine a bhios a' marasgladh dheuchainnean. Bidh iad a' marasgladh dheuchainnean gus dèanamh cinnteach gu bheil na riaghailtean gan cur an gnìomh gu cothromach. Feumaidh tu èisteachd riutha agus stiùireadh sam bith a bheir iad dhut a leantainn.

Ma thachras dad gun dùil rè deuchainn, leithid faireachdainn tinn, bu chòir dhut innse don fhreiceadan sa bhad.

Pàipearan-cheistean agus leabhranan-fhreagairtean

Leugh an stiùireadh uile air a' phàipear-cheistean agad agus dèan cinnteach gu bheil an cuspair agus ìre ceart. Mur eil an cuspair agus ìre ceart, innis don fhreiceadan sa bhad.

Gheibh thu an dàrna cuid:

- pàipear-cheistean agus leabhranan-fhreagairtean air an ceangal còmhla, no
- pàipear-cheistean agus leabhranan-fhreagairtean air leth bho chèile.

Feumaidh tu d' fhiosrachadh a lìonadh gu soilleir air duilleag aghaidh an leabhraìn.

Ma tha feum agad air barrachd pàipeir, tog do làmh agus iarr air an fhreiceadan. Ann an cuid de chuspairean, gheibh thu barrachd duilleagan no pàipear-graf aig deireadh leabhran nam freagairtean.

Ma chleachdas tu duilleagan pàipeir a bharrachd, feumaidh tu d' ainm, an SCN agad agus ainm na sgoile agad a sgrìobhadh air gach duilleag agus iad sin a chur am broinn leabhran nam freagairtean agad.

Obraich tron phàipear-cheistean agad gus am faic thu 'CRÌOCH A' PHÀIPEIR'. Cha bhi ceistean a bharrachd an dèidh seo.

Bidh duilleagan air nach eil ceistean ag ràdh 'DUILLEAG BHÀN'. Cha bu chòir duilleag sam bith a bhith gu tur bàn. Ma lorgas tu duilleag a tha gu tur bàn ro 'CRÌOCH A' PHÀIPEIR', innis don fhreiceadan.

A' sgrìobhadh nam freagairtean agad



Feumaidh tu peann a chleachdadh le inc dhubh no ghorm.

Na cleachd pinn gel no peansailean, oir faodaidh an sgrìobhadh fàs fann no smeuraichte ma tha am pàipear agad air a sganadh, ga dhèanamh doirbh airson luchd-ceartachaidh a bhith a' leughadh do sgrìobhaidh. Bidh luchd-ceartachaidh a' dèanamh an dìchill, ach dh'fhaodte nach toir iad comharran seachad ma tha do sgrìobhadh ro dhuilich a leughadh. Ma tha dragh sam bith ort mun làmh-sgrìobhadh agad, bruidhinn ris an tidsear agad.

Nuair a tha thu a' sgrìobhadh air duilleagan gun loidhnichean, feuch gum fàg thu mu aon cheudameatair eadar loidhnichean.

Ann an cuid de chuspairean, mar thoradh air droch litreachadh agus puingeachadh dh'fhaodadh tu comharran a chall. Ma tha dragh sam bith ort mu dheidhinn seo, bruidhinn ris an tidsear agad.

Sgròb às obair gharbh sam bith no freagairtean gun iarraidh. Chan fhaod thu pinn-cheartachaidh, teip-cheartachaidh no lionn-cheartachaidh ceartachaidh a chleachdadh.

Cuimhnich



- Gabh air do shocair.
- Leugh na ceistean gu cùramach.
- Freagair na ceistean mionaideach a thathar a' faighneachd.
- Rach thairis air na freagairtean agad a-rithist ma chrìochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.

A' fàgail seòmair nan deuchainnean



Bithear an dùil gum fuirich thu ann an seòmair nan deuchainnean fad iomlan ùine na deuchainne. Ma chrìochnaicheas tu tràth (no ma tha thu air nas urrainn dhut den deuchainn a dhèanamh), agus ma tha thu airson seòmair nan deuchainnean fhàgail, tog do làmh agus iarr cead bhon fhreiceadan.

Ma tha an deuchainn nas fhaide na uair a thìde, faodaidh am freiceadan cead a thoirt dhut fàgail an dèidh 30 mionaidean. Ma tha an deuchainn nas lugha na uair a thìde, feumaidh tu feitheamh gu ruige crìoch na deuchainne.

Ma dh'fheumas tu seòmair nan deuchainnean fhàgail airson adhbhar eile (mar eisimpleir, airson dol don toidhleat), tog do làmh agus iarr cead bhon fhreiceadan.

Aig deireadh na deuchainne, fàg na stuthan deuchainne uile air an deasg agad agus cruinnichidh am freiceadan iad.

Chan fhaod thu pàipear-cheistean no leabhran nam freagairtean sam bith a thoirt a-mach à seòmair nan deuchainnean. Ma nì thu seo, dh'fhaodadh e droch-bhuil a thoirt ort, a' gabhail a-steach nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne agus nach faigh thu toradh.

Cothromachd

Bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile duine an dìcheall a dhèanamh. Tha e mì-chothromach do thagraichean eile a bhith a' mealladh no a bhith a' togail ùpraid rè deuchainne.

Tha eisimpleirean de mhealladh agus giùlan mì-chothromach a' gabhail a-steach na leanas.

- Nithean toirmisgte a thoirt leat don t-suidheachan no deasg agad
- A' leigeil ort gur e cuideigin eile a th' annad no ag iarraidh air cuideigin eile deuchainn a dhèanamh air do shon
- Giùlain ùpraid each
- A' cleachdadh cainnt no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach no a tha dèanamh leth-bhreith sna freagairtean agad
- A' dèanamh copaidh den obair aig neach eile
- Co-rùn – ag obair còmhla ri daoine eile air gnìomh a bu chòir a bhith na obair a rinn thu fhèin a-mhàin
- Mèirle-sgrìobhaidh (plagiarism) – gun a bhith a' toirt iomradh ceart air tùsan no a bhith a' taisbeanadh obair cuideigin eile mar d' obair fhèin

Faodaidh mealladh no giùlan mì-chothromach droch-bhuil a thoirt ort, a' gabhail a-steach call chomharran, faighinn ìre nas ìsle no nach tèid do chur a-steach airson na deuchainne agus nach faigh thu toradh sam bith. Faodaidh an sgoil agad barrachd a mhìneachadh.

Comhairle

✓ Dèan

- ✓ Nochd co-dhiù 10 mionaidean mus tòisich an deuchainn
- ✓ Thoir leat an uidheamachd cheart, a' gabhail a-steach pinn le inc dhubh no ghorm
- ✓ Dèan cinnteach nach toir thu nithean toirmisgte leat chun an t-suidheachain no deasg agad
- ✓ Dèan cinnteach gun deach am pàipear deuchainn ceart a thoirt dhut
- ✓ Cuir d' ainm, an àireamh SCN agus ainm na sgoile agad air a h-uile pìos obrach
- ✓ Sgrìobh gu soilleir
- ✓ Leugh an stiùireadh gu lèir agus èist airson fios sam bith
- ✓ Sgròb a-mach obair gharbh
- ✓ Fuirich san t-seòmar gus an crìochnaich an deuchainn (mura faigh thu cead fàgail tràth)
- ✓ Fuirich gus an cruinnich am freiceadan am pàipear deuchainne agad mus fàg thu an seòmar

Na Dèan

-  Na toir nithean toirmisgte don t-suidheachan no deasg agad
-  Na toir leat am pàipear deuchainn agad no stuth deuchainne sam bith nuair a tha thu a' fàgail an t-seòmair
-  Na cleachd cainnt no ìomhaighean a tha mì-mhodhail, tàireil, oibheumach no a tha dèanamh leth-bhreith
-  Na iarr air cuideigin eile an deuchainn agad a dhèanamh air do shon agus na leig ort gur e cuideigin eile a th' annad
-  Na bi gad ghiùlain fhèin ann an dòigh ùpraid each agus na adhbharaich ùpraid
-  Na dèan copaidh à obair neach eile
-  Na co-roinn an obair agad le neach eile
-  Na co-roinn uidheamachd
-  Na cleachd pinn gel, pinn-cheartachaidh, teip-cheartachaidh no lionn-cheartachaidh



Ma thachras

rudeigin ris

nach robh

dùil

Dè mura tèid agam air an deuchainn a ghabhail no ma tha buaireadh mòr ann?

Bu chòir dhut fhèin no do phàrant no neach-cùraim fios a chur chun na sgoile agad cho luath 's a ghabhas, a' mìneachadh na thachair. Faodaidh iadsan bruidhinn mu na roghainnean agad agus am biodh còir agad an t-Seirbheis Beachdachaidh air Suidheachaidhean Sònraichte Dheuchainnean (EECCS) a chleachdadh. Ma tha thu ion-roghnach air an t-seirbheis a chleachdadh, dh'fheumadh an sgoil agad fios a chur thugainn **taobh a-staigh 10 làithean an dèidh na deuchainne**, agus mar sin bruidhinn riutha cho luath 's a ghabhas.



Suidheachaidhean sònraichte

Bheir an EECCS taic dhut:

- mura b' urrainn dhut an deuchainn a fhrithealadh, no mura b' urrainn dhut crìoch a chur air an deuchainn, air sgàth suidheachadh pearsanta air nach robh smachd agad (leithid cùis mheidigeach)
- ma thug buaireadh, no suidheachadh eile a dh'èirich tron deuchainn, buaidh ort rè na deuchainne, a chaidh aithris dhuinn leis a' phrìomh fhreiceadan, no
- ma thug suidheachadh pearsanta, no tachartas ris nach robh dùil air an latha, buaidh air do choileanadh san deuchainn, air nach robh smachd agad.

Chan eil nearbhan deuchainn no dìth no call aire rè deuchainn nan adhbharan dligheach airson an t-seirbheis seo a chleachdadh.

Ma tha thu airson an t-seirbheis a chleachdadh, feumaidh tu bruidhinn ris an sgoil agad cho luath 's a ghabhas an dèidh na deuchainne, a' toirt dhaibh am fiosrachadh gu lèir mu na thachair dhut. Gu bhith ion-roghnach, feumaidh gu bheil thu air a h-uile pàirt riatanach den chùrsa agad a choileanadh nach eil air pàipear cheistean, leithid taisbeanaidhean agus portfoliothan. Feumaidh an sgoil agad air ìre thuairmsichte air do shon a thoirt seachad cuideachd.

Ma tha thu ion-roghnach, iarraidh an sgoil agad an t-seirbheis **taobh a-staigh 10 làithean bhon deuchainn**. Feumaidh tu cead a thoirt don sgoil agad an t-seirbheis a chleachdadh.

Bheir an sgoil agad fianais seachad stèidhichte air na measaidhean a rinn thu tron bhliadhna, leithid prelims, deuchainnean clas, obair clas no clàran coileanaidh. Bidh an luchd-deuchainn againn a’ dèanamh ath-sgrùdadh air an fhianais seo, agus air deuchainn is obair-chùrsa sam bith a choilean thu, gus co-dhùnadh a dhèanamh air an ìre agad. Dh’fhaodte gum bi an ìre a gheibh thu tron EECCS eadar-dhealaichte bhon ìre thuairmsichte agad.

Ma tha thu a’ cleachdadh an EECCS, chan fhaod thu ath-thagradh a dhèanamh mun ìre a fhuair thu tro sheirbheis nan ath-thagraidhean.

Rach gu **qualifications.gov.scot** airson barrachd fiosrachaidh.



Na

toraidhean

agad

A' faighinn nan toraidhean agad



Gheibh thu na toraidhean agad tron phost air **Dimàirt 4 Lùnastal**. Faodaidh tu cuideachd am faighinn le teacsa no post-d (no an dà chuid) ma chlàraicheas tu airson **My Qualifications Scotland**.

Gheibh an sgoil agad na toraidhean agad cuideachd. Ma tha thu air iarrtas a dhèanamh airson oilthigh tro UCAS, gheibh iadsan na toraidhean agad cuideachd.

Ma tha thu a' smaoinichadh gu bheil mearachd air an teisteanas agad, no gu bheil rudeigin a' coimhead ceàrr, cuir fios chun na sgoile agad.

Seirbheis Ath-thagraidhean

Bidh seirbheis ath-thagraidh an-asgaidh ann as urrainn dhut cleachdadh gu dìreach no tron sgoil agad. Thèid fiosrachadh mun t-seirbheis ath-thagraidh fhoillseachadh **air an làraich-lìn againn ro Ògmhios 2026**.

Taic

Faodaidh tu barrachd fhaighinn a-mach mun teisteanas agad, agus freagairtean do cheistean cumanta, aig **qualifications.gov.scot**. Faodaidh tu fios a chur thugainn cuideachd le bhith a' lìonadh a-steach **foirm ceist tagraiche air-loidhne**.

Airson cheistean sam bith eile, cuir post-d gu **customer@qualifications.gov.scot** no cuir fòn gu **0345 279 1000**.

Am fiosrachadh agad

Bidh sinn a' tional fiosrachadh mu do dheidhinn bhon sgoil agus bhon ùghdarras ionadail agad, agus bho na pàipearan-deuchainne agus stuthan measaidh eile agad.

Cleachdaidh sinn am fiosrachadh airson:

- ullachaidhean a chur air dòigh gus an dèan thu deuchainnean is measaidhean bho Theisteanasan Alba
- an teisteanas agad a dhuaiseachadh is a bhuileachadh
- seirbheisean a thoirt seachad a dh'iarr thu, leithid My Qualifications Scotland
- do cheistean a fhreagairt
- fianais air briseadh riaghailtean (mì-chleachdadh) a sgrùdadh, agus
- rannsachadh a dhèanamh agus staitistigean a chruthachadh.

Faodaidh sinn cuid den fhiosrachadh agad a cho-roinn le buidhnean eile, a' gabhail a-steach Riaghaltas na h-Alba, UCAS, an sgoil agad, agus buidhnean eile a bhios gar cuideachadh gus na seirbheisean againn a thoirt seachad. Air an làraich-lìn againn gheibhear fiosrachadh air **mar a chleachdas sinn am fiosrachadh agad**.

Faodaidh tu lethbhreac iarraidh den fhiosrachadh a tha sinn a' cumail mu do dheidhinn bho **qualifications.gov.scot**.



Cuimhnich

- Leugh an stiùireadh uile air aghaidh a' phàipear-cheistean agad.
- Gabh air do shocair.
- Leugh na ceistean gu cùramach.
- Freagair na ceistean mionaideach a thathar a' faighneachd.
- Rach thairis air na freagairtean agad a-rithist ma chrìochnaicheas tu tràth.
- Bidh ciùin agus dèan do dhìcheall.
- Faigh am fiosrachadh as ùire mu **chlàr-ama nan deuchainnean**.
- Dh'fhaodte gum bi **seann phàipearan-deuchainne** feumail.

Gus fios fhaighinn air càit am faigh thu barrachd taic, a' gabhail a-steach ceanglaichean ri buidhnean ris am faod thu bruidhinn ma tha thu a' faireachdainn iomagaineach, rach gu **qualifications.gov.scot**.

Tha sinn ag iarraidh air luchd-ionnsachaidh pàirt a ghabhail ann an suirbhidhean agus ann an rannsachadh eile. Clàraich airson **'Your Voice'** gus do bheachd a thoirt seachad air raon de chùisean.



Ionad Seirbheisean Custamair

Fòn: **0345 279 1000**

Làrach-lìn: **qualifications.gov.scot**

